

Ceannard Ghoireasan  
Foghlaim: Anne MacPherson

Cuir fios gu: Ian Jackson

Loidhne Dhìreach: 07435 982 557

Post-d: [ian.jackson@highland.gov.uk](mailto:ian.jackson@highland.gov.uk)

Ar n-Àireamh-fiosrachaidh: IJ/LM

Ceann-latha: 21 Lùnastal 2023

A Chàirdean Còire,

**MOLADH SGÌREAN-SGOILE FOGHLAM TRON GHÀIDHLIG A STÈIDHEACHADH  
AIRSON BUN-SGOIL GHÀIDHLIG INBHIR NIS, ACADAMAIDH RÌOGHAIL INBHIR  
NIS, BUN-SGOIL INBHIR PHEOFHARAIN, ACADAMAIDH INBHIR  
PHEOFHARAIN, BUN-SGOIL BHRUACH A' MHUILINN, AGUS ACADAMAIDH  
INBHIR NARANN**

Tha mi a' sgrìobhadh gus innse dhuibh gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd air pàipear co-chomhairleachaidh a chur a-mach a thaobh a' mholaidh gu h-àrd. Tòisichidh an co-chomhairleachadh air 21 Lùnastal 2023 agus crìochnaichidh e air 27 Dàmhair 2023.

Tha am pàipear molaidh agus na h-eàrr-ràdhan rim faotainn air-loidhne aig:

<http://www.highland.gov.uk/schoolconsultations>

Gheibhear lethbhreacan rin sgrùdadh cuideachd aig na sgoiltean agus na leabharlannan air an liosta cho-cheangailte. Faodaidh sibh cuideachd iarraidh gun tèid lethbhreac a chur thugaibh sa phost. Ma tha sibh airson 's gun tèid pàipear a chur thugaibh sa phost, cuiribh fios gu Sgioba Taic Gnothachais, Oifisean Chomhairle na Gàidhealtachd, 84 Àrd-Shràid, Inbhir Pheofharain, IV15 9QN.

Tha cuireadh agaibh buaidhean seo a dheasbaireachd aig coinneamh phoblach le oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha uairean is cinn-latha air an toirt seachad gu h-ìosal.

Bun-Sgoil Bhruach a' Mhuilinn – 5 Sultain 2023, 6.30f  
Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis – 13 Sultain 2023, 6.30f  
Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain – 19 Sultain 2023, 6.30f

Thèid nòta den choinneimh a ghabhail, agus thèid a' choinneamh a chlàradh gus cuimhne an neach-nòta a chuideachadh.

Tha cuireadh agaibh cuideachd beachdan sgrìobhte sam bith a tha sibh airson a thoirt seachad mun phàipear cho-chomhairleachaidh a chur gu Sgioba Taic Gnothachais, Oifisean Chomhairle na Gàidhealtachd, 84 Àrd-Shràid, Inbhir Pheofharain, IV15 9QN, post-d [Education.Consultations@highland.gov.uk](mailto:Education.Consultations@highland.gov.uk)

No, faodaidh sibh beachdan sam bith a chur a-steach tro fhoirm air-loidhne a gheibhear bho dhuilleag na làraich-lìn:

<http://www.highland.gov.uk/schoolconsultations>

Feumaidh beachdan air fad a bhith againn gun a bhith nas anmoiche na Dihaoine 27 Dàmhair 2023.

Thèid ur beachdan, agus gin sam bith eile a gheibhear, a thoirt seachad rè ùine do Chomataidh Foghlaim Chomhairle na Gàidhealtachd airson beachdachadh orra. Bu chòir dhaibhsan a tha a' cur freagairt a-steach, an dàrna cuid ann an litir no gu h-eileagtronaigeach, a bhith mothachail gum faod am poball na freagairtean aca a sgrùdadh agus gun tèid am foillseachadh air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd le ainmean-sgrìobhte, àireamhan-fòn agus seòlaidhean post-d air an toirt às. Mura h-eil sibh airson 's gum bi ur freagairt ri faotainn dhan phoball, bu chòir dhuibh sgrìobhadh gu soilleir air an sgrìobhainn: “Tha mi airson 's gun tèid beachdachadh air mo fhreagairt gu dìomhair le cothrom air a chuingealachadh do Chomhairlichean agus Oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd”. Mura dèan sibh seo, thathar a' gabhail ris gu bheil an neach a tha a' cur na freagairt ag aontachadh gum faod i a bhith ri faotainn dhan phoball. Feumaidh freagairtean sgrìobhte uile a bhith againn gun a bhith nas anmoiche na an latha mu dheireadh den ùine cho-chomhairleachaidh, Dihaoine, 27 Dàmhair 2023.

Leis gach deagh dhùrachd,



Ian Jackson  
Oifigear Foghlaim